

A' Cluiche A-Muigh

Earrann 12

A' toirt aire de ar blàr a-muigh

Geàrr-chunntas

Tha an stiùireadh seo na phàirt den t-sreath A' Cluiche A-Muigh aig a bheil an t-amas taic a chur ri luchd-obrach tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne (ELC) gus a bhith a' toirt sàr chothroman cluiche a-muigh dhan chloinn againn. Tha A' Toirt Aire de Ar Blàr A-Muigh mu bhith a' déanamh làn-fheum den bhlàr a-muigh a chleachdas na suidheachaidhean ELC agaibh is a' toirt aire den àrainneachd tro a bhith a' stèidheachadh ionnsachadh a dh'lonnsaigh Seasmhachd (IIS). Chaidh a leasachadh gus cur ris a' chiad stiùireadh **A' Cluiche A-Muigh.**

Tha càirdeasan riatanach ris an èifeachdas leis an toir sinn aire do bhlàr a-muigh sam bith. Tha fios againn gu bheil càirdeasan cudromach eadar clann is inbhich is gum feum na càirdeasan seo a bhith a' toirt àrachadh, cùram is cumhachd. Cuideachd tha fios againn, nuair a tha clann is luchd-obrach a' cluiche a-muigh gu soirbheachail, gu bheil iad a' leasachadh càirdeas làidir leis na h-àitichean far a bheil iad a' cluiche. Tha dàimh fhaireachail is spioradail aca ris an talamh is bidh iad a' faireachdainn buntainneas ri nàdar is mar phàirt de nàdar is bidh seo na spionadh dhaibh aire a thoirt den àrainneachd aca.

Carson a dh'fheumas sinn an stiùireadh seo?

'S e àm fior mhisneachail a th' ann do dh'ELC agus ionnsachadh a-muigh ann an Alba. Tha cluich is ionnsachadh a-muigh mu thràth an teas-meadhan ELC làitheil. Tha tuilleadh sa chòrr suidheachaidhean cluiche is ionnsachaidh a-nis gu tur air a' bhlàr a-muigh no a' leudachadh an cuid ghoireasan is cothroman-eòlais a-muigh gus cur ri cothroman cloinne a bhith an sàs ann an sàr ìre de chluich is ionnsachadh a-muigh.

Mar a chaidh a mhìneachadh anns **An Toiseach as Fheàrr**, Plana Ro-innleachdail a' Chùram-chloinne, 's e ar lèirsinn gun caith clann ann an ELC a cheart uimhir de dh'ùine a-muigh sa chaitheas iad a-staigh, is gum bi ùine aca a-muigh a h-uile latha, anns a h-uile suidheachadh. Tha sinn cuideachd a' mìneachadh an dealas a th' againn a bhith ag obair le com-pàirtean gus togail air an liuthad taice a dh'ullaich sinn do sholarachean tron phandemic a thaobh ionnsachadh a-muigh.¹

Tha rannsachadh, fianais is aithne follaiseach ann mu na buannachdan a tha an lùib a bhith a' cluiche a-muigh, gu h-àraig ann an làraichean nàdair. Am measg seo tha buannachdan fiosageach, sòisealta, faireachail, cognatach is spioradail, mar a chìthean anns an **Scotland's National Outdoor Play and Learning Position Statement** aig Inspiring Scotland (2018).

¹ An Toiseach as Fheàrr: Plana ro-innleachdail airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne aig aois sgoile airson Alba 2022-26 An Dàmhair 2022

Tha an rian is aire a th' agaínn dhar làraichean a-muigh a' cur ar luachan am follais is cuideachd an tuigse a th' agaínn de èolas-teagaisg² anns a bheil liS stèidhichte. Le bhith air an cleachdadhbarrachd, tha cunnart ann gun tèid ar làraichean a-muigh a chaitheamh thairis ùine. 'S urrainn seo lùghdachadh cothroman cluiche is ionnsachaidh ar cloinn is bheir e buaidh air bith-iomadachd na làraich - 's e sin farsaingeachd na fiadh-bheatha, a' cunntadh lusan, a tha beò sna làraichean seo, fiù 's ann am bailtean.

A thuilleadh air an seo, tha dùblain doirbh mu ar coinneamh san àm seo fhèin is san àm ri teachd a thaobh na h-àrainneachd is na gnàth-shìde. Tha sinn fo uallach dòighean cruthachail ùra ionnsachadh far a bheil feum air dòighean ùra a bhith a' smaoineachadh is a' dol an gnìomh chûisean, a' cleachdadhbh mar a' cho-theacsa. 'S e rud cudromach a th' ann gu bheil an comas aig proifeiseantaich a tha ag obair le cloinn seo a dhèanamh gu sàr ìre gus a bheil sinn fhèin is ar cloinn a' faireachdainn gu bheil a' cumhachd agaínn buaidh a thoirt air an àm a tha romhainn.

Cò dha a tha an stiùireadh seo?

Chaidh an stiùireadh seo a sgrìobhadh sa chìad àite do phroifeiseantaich a tha ag obair le cloinn ann an ELC is aig ìre thràth sna sgoiltean. Am measg iad seo tha luchd-obrach ELC, luchd-cùraim cloinne, tidsearan ag obair aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean, luchd-obrach cluiche is luchd obrach a tha ag obair ann an Cùram Taobh A-Muigh na Sgoile (OOSC) do chloinn nas òige. Tron stiùireadh air fad thathar a' cleachdadhbh 'luchd-obrach' no 'neach-obrach' gus bruidhinn air an fheachd-obrach seo san farsaingeachd.

Fhad 's tha an stiùireadh ag amas sa chìad àite air suidheachaidhean ELC is tràth sa bhun-sgoil, tha pailteas dhe buntainneach ri càch eile a tha a' toirt seachad chothroman cluiche air a' bhlàr a-muigh. Bidh cuideachd ùidh aig feedhainn a tha fo dhleastanas co-dhùnaidhean a ruighinn a thaobh a bhith a' leasachadh cluich is ionnsachadh a-muigh agus/no cultaran is dòighean-obrach seasmhach.

Ciamar a thèid an stiùireadh seo a chleachdadhbh?

Chaidh a' chaibideil ùr seo de stiùireadh A' Cluiche A-Muigh fhoillseachadh air-loidhne a-mhàin gus an dealas agaínn a thaobh seasmhachd na h-àrainneachd a chumail suas. 'S urrainn luchd-obrach earrannan buntainneach den stiùireadh a luchdadhbh a-nuas is grèim fhaighinn air ceanglaichean do gohireasan feumail.

2 Tha mineachaidhean feumail de èolas-teagaisg, no pedagogy, ri lorg ann an **Realising the Ambition: Being Me** le Foghlam Alba (2020).